



# SGEULACHDAN AN TILLEY NA SGEULACHDAN

## Uamh an Òir

**Air a h-aithris leis an Urr. Uilleam MacMhathain air Tobar an Dualchais**

*Tha iomadach àite air a bheil Uamh an Òir air a' Ghàidhealtachd agus, mar a tha Uilleam MacMhathain ag aithris, tha gach sgìre den bheachd gur ann às an uamh acasan a thàinig an sgeulachd:*

*"Tha Uamh an Òir air a chomharrachadh anns gach ceàrnaidh dhen Ghàidhealtachd... Chan urrainn do dhuine a ràdh càite bheil an uamh a tha seo ach gum bi gach àite a' tagairt gu bheil i anns an àite aca fhèin.*

*'S aithne dhut an sgeulachd? Gun deach am pìobaire sìos dhan uamh agus e a' seinn na pìoba, agus a chù. Agus bha iad ga chluinntinn agus 's e na coin-shìthe, a' ghall-uaine, 's e na coin-shìthe a chaidh na bhad agus thòisich an cù aige fhèin ga dhìon. Agus cha do thill esan a-riamh ach thàinig an cù, thill an cù a-mach agus gun bhile fionnaidh air!"*

Tha seo a' ciallachadh nach robh bian air fhàgail air a' chù idir às dèidh dha an uilebheist a shabaid am broinn na h-uaimhe – an cù bochd!

## An Greusaiche Buidhe

**Geàrr-chunntas aithris leis an Urr. Tormod Dòmhnallach air Tobar an Dualchais**

Bho chian nan cianachan bha fear ris an canadh iad an Greusaiche Buidhe a' fuireach ann an sgìreachd Ghleann Eilge. Agus a-null faisg air an Nollaig, a' bhliadhna a bh' ann an seo, smaoinich e gum falbhadh e a dh'ionnsaigh àite a bha taobh eile na beinne bho Ghleann Eilge a dh'iarraidh prèasant.

Agus co-dhiù no co-dheth, nuair a bha e a' dìreadh uchd àrd ann an sin ris an canadh iad, 's ris an can iad fhathast, Cnoc an Iolaire, nach ann a chuala e am fuaim bu bhinne 's bu cheòlmhoire a chuala e riamh, a' dol seachad air sìthean a th' ann am mullach a' chnuic. Agus ged a bha e na chabhaig, sheas e. Agus mar a b' fhaide a bha e na sheasamh, 's ann bu mhotha a bha e a' tighinn fo bhuidh a' chiùil. Bha an ceòl cho taitneach agus gun tuirt an Greusaiche Buidhe ris fhèin:

"Och thèid mi a-null agus èistidh mi caran greiseag."



# SGEULACHDAN AN TILLEY NA SGEULACHDAN

'S chaidh e a-null, 's bha e a' cluinntinn a' chiùil 's bha leithid a bhuidh tàlaidh aig a' cheòl 's gun deach e a-staigh, agus 's ann an sin a bha an sealladh. Chan fhaca e leithid a shealladh riamh, no lùchairt riamh cho brèagha rithe. Chanadh e nach ann dhan an t-saoghal seo idir a bhùineadh e. Bha talla mòr ann loma-làn de shìthichean agus iad dhen an dreach a b' àille agus air an còmhdach anns na trusganan a b' àille.

Agus bha buidheann ann de luchd-ciùil, agus bha iad a' cluich innealan-ciùil a chunnaic agus a chuala e, agus an roinn bu mhotha dhiubh chan fhaca agus cha chuala e riamh iad. Agus chunnaic e an uair sin ruidhle-dannsa, 's an t-uabhas fhèin dhe na sìthichean anns an ruidhle. 'S bha a leithid de bhuidh aig a' cheòl agus aig an t-sealladh air a' Ghreusaiche Bhuidhe 's gun tug e duibh-leum a-staigh ann am measg nan sìthichean anns an ruidhle.

Bha e ann an sin ùine mhòr ach cha robh fios aigesan air. An oidhche sin, bha bean a' Ghreusaiche Bhuidhe ann an Gleann Eilge ga fheitheamh, agus nuair a thàinig an uair a bha i a' smaoinachadh gum bu chòir dha a bhith air ais co-dhiù, sheall i a-mach. Sealladh dheth cha robh ri fhaicinn. 'S shuidh i 's thàinig a' mhadainn 's cha tàinig fear an taighe dhachaigh. Thàinig an ath latha 's cha tàinig an Greusaiche Buidhe dhachaigh. 'S thàinig an treas latha 's cha tàinig e dhachaigh.

Bha a bhean ann an sin 's i fo bhròn, agus bha i greis ga chaoidh. Ach mu dheireadh thall, nach ann a thàinig an t-àm agus an oidhche mun cuairt anns an do dh'fhalbh ceann-bliadhna na h-oidhche anns an do dh'fhalbh an Greusaiche Buidhe. Agus thuirt a' chailleach rithe fhèin:

"Ò ma-thà, gu dearbh fhèin e, chan eil e gu sìon a dh'fheum dhomhsa a bhith a' caoidh na dh'fhalbh agus a rèir coltais nach tig air ais. 'S fheàrr dhomh fhèin falbh agus deur beag fhaotainn a chuireas seachad an Nollaig dhomh fhìn."

Dhìrich i a' bhruthach, agus ràinig i mullach na bruthaich. Agus nuair a bha i a' dol seachad air sìthean, dè chuala i ach an ceòl a b' aighearach a chuala i riamh na beatha. Cha chuala i riamh ceòl dhe leithid, agus sheas i ga èisteachd. Agus bha a leithid de thàladh anns a' cheòl agus gun do choisich i a-null a



# SGEULACHDAN AN TILLEY NA SGEULACHDAN

## An Greusaiche Buidhe

dh'ionnsaigh an t-sìthein; bha fios aice gur ann bhon an t-sìthean a bha e a' tighinn. Mu dheireadh, chaidh i a-staigh.

Sheall i air a' chòmhlán dhe na sìthichean a bha a' dannsa air an ùrlar ris a' cheòl a bh' ann an seo, agus cò chunnaic i ach a companach? An duine aice fhèin! An Greusaiche Buidhe, 's e cho aotrom ri duine aca a' dannsa anns an ruidhle. 'S chaidh i a-null, agus chuir i a làmh na achlais agus sheas an Greusaiche Buidhe, agus 's gann a chreideadh e a shùilean. Cò bh' aige ach a bhean?

"Ò," ars ise, "thig a-mach às an ruidhle."

"Ud, a bhean," ars esan, "nach leig thu leam? Nach leig thu leam mionaid eile? Chan eil mi an seo ach deich mionaidean!"

"Deich mionaidean?"

Bha bliadhna mhòr ann bhon a chailleadh an Greusaiche Buidhe, ach bha an tìde dha cho goirid leis a' cheòl mhì-shaoghalta 's leis na seallaidhean brèagha, 's nach do dh'fhairich e e ach mar dheich mionaidean! Ach chaidh aig a' chaillich air a shlaodadh a-mach, 's chaidh iad dhachaigh, agus abraibh sibhse gun robh sunnd air muinntir a' ghlinne an Nollaig a bh' ann an sin.

Sin mar a chuala mise an sgeulachd agus mas breug bhuam i is breug thugam i.